



[Text of Speech at the Opening of the Pairc Cairn (in Gaelic)]

A chàirdean, 'se là mor a tha ann seo ann an eachdraidh Sgìre Na Loch. Tha sinn ann a seo an diugh airson urram a thoirt do ar sinnsearan, a rinn strìth cho cruaidh air son an fhearainn, agus an dòigh-beatha aca a dìon. Thug iadsan dhuinne Dualchas phrìseil mar dhìleab. Cait am bitheadh sinn an diugh mur a bitheadh gun do sheas iadsan (an còirechean gu daingean).

Be math leamsa an diugh beagan a radh mu phroiseact Cuimhneachain Na Gaisgeach. Thog coimhearsnachdain eile anns a Ghaidhealtachd Cairn Chuimhne airson strì na croitearan air son leasachadh lagh an Fhearainn, agus shaol sinne gu robh e iomchaidh gun deanamh sinne, ann a Leodhais an aon rud.

Mar sin, chaidh Cuimhneachainn Nan Gaisgeach ann an 1989 gus cuimhneachdainn a thogail aig na làrach sin far an robh prìomh strì an fhearainn ann an Leodhais.

S e a chiad fhear de na cuimhneachdainn a tha seo. Tha e mar chuimhneachann air 'Creach Mhor Na Fiadh' anns a Phàirc ann an 1887. Tha cuideachd, obair air toiseachadh ann an Grias. An deidh sin tha dùil againn cuimhneachan a thogail air son Amhreit Aiginis ann an 1888. Tha sinn cuideachd a cuir a mach leabhar.

Will Maclean

Sann gu h-àraidh mun a sgioba 'the team' a dhealbh agus a thog an càrn seo a tha mise a dol a radh dha no trì fhacail an diugh.

'An Dealbhaiche' (designer), Uilleam Mac Illeathain a Fioba (Fife). 'Se esan a dhealbh an càrn seo agus na càrnan eile tha sinn an dùil a thogail ann a Grias agus an Aignis.

Tha Uilleam ainmeil ann a saoghal-ealain ann an Alba, agus gu dearbh tha e air chliù a chosnadh dha fein air ìre eadar-naiseanta cuidheachd. Tha taisbeanaidhean de'n obair aige air nochdadh air feadh na duthcha, agus tha e cuideachd air taisbeanaidhean a nochdadh thall thairis - anns a Roimh ann an Dusseldorf, Vienna agus New York etc.

Se Gaidheal a tha ann le daimh ri Leodhais agus ris an Eilean Sgiathanach, agus dh'fhuiling cuid de shinnsaran fuadaichean ann Sgìre Uig-Leodhais. 'S ann ann an Inbhirnis a rugadh esan. Nuair a chaidh sinn thuige airson na Cuimhneachainn a dhealbh, dh'aontaich e anns a bhad, agus cha'n e sin a mhàin ach thabhaich e an obair a dheanamh saor agus a nasgaidh. Mar sin, bu mhiann leis a chomataidh taing chridheal a thoirt do Mgr Mac Illeathain airson an obair ion-mholta a rinn e. Tha sinn a meas gu bheil luach na milltean notaichean anns an obair saor thoileach a rinn Uilleam Mac Illeathain air son a phroiseact againn.

John Norgrove

'S e Mgr John Norgrove, Mangersta, Uig, Leodhas an dara ball de na sgioba a bha sàs ann an obair togail a Chàrn-Chuimhne seo. 'Se esan a rinn dealbhan ailtireachd dhuinn (architectural drawings) agus mar sin a mhinich obair Calan Uilleam Mhic Illeathain. Thug sin cothrom dha'n a chleasair obair an dealbhaiche a chuir an a gnìomh. Bha mar sin, obair, Mgr Norgrove do-shealchraidhe feumail air son soirbheachadh a phroiseact seo. Cha bhitheadh an Càrn seo ann an seo an diugh mar a be obair Mgr Norgrove. Chan e sin a mhàin ach cha ghabhaidh e tuarasdail no duais air bith, air son na h-obrach. Rinn e an obair air fad saor thoilleach, agus tha e cuideachd gu bhì sàs anns na càrn eile a tha dùil againn a thogail. Tha an comataidh a meas gun rinn Mgr Norgrove luach milltean not de dh'obair soar-thoileach dhuinn, agus tha sinn a thoirt taing cridheal dha as leth a choimhearsnachd.

Jim Crawford

'Se an clachair Mgr Jim Crawford à Gearraidh-Na-h-Aibhne an treis ball de'n a sgioba a thog an Càrn seo.

'Se an clachair a dh'eadhar-theangaich obair an dealbhaiche, Uilleam Mhic Illeathainn, agus obair an Ailtire, Mgr John Norgrove. Agus mar sin, a chruthaich Càrn boidheach mar a tha sibh a faicinn ann an seo an diugh. Tha sinn cinnteach gum bith meas mor air a Charra-Chuimhneadh seo, air son ùine fhada, chan ann a mhàin aig muinntear an àite seo ach aig luchd turais, agus feadhainn eile mar an ceudna. Chaidh an càrn seo a thogail le clachan a thug Jim Crawford à seann-thaigheann na creabadairean agus ghabh e saothar mhor ann a bhì deanamh cinnteach gu robh an Càrn seo cho math 'sa b'urrainn dhathsan a dheanamh. As leth na comataidh agus a choimhearsnachd bu mhath leam taing mhor a thoirt do Mgr Crawford airson an obair ion-mholta a rinn e.

Joni Buchanan

'Se Joni Buchanan, à Uig, Leodhais an Ceathramh ball de'n a sgioba a bha sàs ann an obair a phroiseact seo. 'Si a sgrìobh an earrainn bheurla do'n an leabhair dà-chànanach a tha sinn do fhoillseachadh 'Na Gaisgeach'. 'S i rinn, na h-aonar an leabhar-fiosrachadh a thoirt mun na ceithir prìomh tachartasan - Na strì, a sabaist croitearan Leodhais airson ath-leasachadh air lagh an fhearainn.

1. Aimhreit Bhearnaigh ann an 1874.
2. Creach Mor Nan Fiadh ann an 1875.
3. Aimhreit Aignis ann an 1888.
4. An Aimhreit a dh'èirich air feadh Leodhais anns an 1920s.

Tha ceithir chaibidealan Gaidhlig anns a leabhar:

1. An t-oll Domhnall MacAmhlaigh air son Bearnaraigh.
2. Mgr Iain M McLeod Baile Ailean air son na Lochan.
3. Mgr Seoras Stiubhairt Back, air son am Back
4. Mgr Iain MacArthur (nach mairean) air son an Rubha.

Tha an leabhar deiseal air son a chlo-bhualadh agus 'se mo beachd sa gur math as fhiach a leabhar a cheannach nuair a nochdas e anns na buithtean.

Fundraising

Chan i seo ann àm, no an àite airson cunntas a thoirt air iomas, ach faoideadh mi a radh gu-àithir gun d'fhuair sinn taic mhor agus misneachd bho'n an sluagh, agus bho iomadach buidheann eile. Fhuair sinn an taic sin, aon chuid ainn an airgid tioram, (mar a their iad) agus ann an 'obair' do mar a their iad, 'in kind' (le goireasan mar, typing, copying agus moran de rudan eile. Tha sinn a meas gu bheil luach na taic 'in kind' airson nn proiseact air fad timchioll air £30,000 (Deich mìle fichead not), agus cosgais iomlan na proiseact gu lèir, timchioll air trì uidhir an àireamh sin. Cha bhi, mar sin, a chosgais iomlan fada goirid, air ceud mìle not.

Opening programme (Program fosglaidh)

Bu mhaith leum aire daoine a tharraig chum an taic sonraichte agus luachmhor a fhuair sinn air son ullachadh a program fosglaidh seo. Fhuair sinn an taic sinn bho, Phroiseacht Naiseanta Na h-Ealan Gaidhlig air am bheil Malky Mac Illeathain, à Ceois, na Stiùraiche. Thug sin dhuinn an cothrom ceart a chuir ri cheile. Cha be sinn a mhàin, ach thug Proiseact Naiseanta Na h-Ealan Gaidhlig cuideachd dhuinn iasad don luchd obrach aca, mar tha Mairi agus Murchadh ach gu h-àiridh Marissa chùl air goirsearan oifis. Rinn Marissa obair mhor dhuinn, 's ann daibhsan a bhuineas an cliù air son ullachadh an latha. Tha sinn air son taing mhor a thoirt do Malky Mhic Illeathain agus Marissa agus an fheadhainn eile a bhuineadh do an ealan Gaidhlig agus do cluicheadairean an Rubha. Cha be seo a chiad no an dara turas a chuidich Proiseact na h-Ealan sinn.

Chaidh moran do obair soar-thoileach chuir ris an Program Fosglaidh seo agus bu mhath leinn taing critheil a thoirt do'n na uile neach a chuidich. Fhuair sinn cuideachd taic airgid fo chaochlath àitean air son coinneachadh ri coisgis an latha 'n diugh. Tha coisgis an latha diugh air a cumail air leth agus an taobh a muigh da airgid Cuimhneachain Na Gaisgeach.

Ann a bhith crìochneachadh

Tha e inntinneach a bhi smuaineachadh gun deach faisg air trì-ceud (300) tonna de clach a chleachdadh ann a bhi togail an Càrn seo. Faodamh mi cuideachd a chantainn gu'n deach pasgan math de phaipearan eachdraidh a thiodhlacadh anns a bhuin-steidh.

[Delivered at the opening of the cairn on 26th May 1994]

[ends]

AN ARCHIVE RECORD FROM THE ANGUS MACLEOD ARCHIVE www.angusmacleodarchive.org.uk

Author: Angus Macleod

Date: 1994

Original document title: Opening of Pairc Cairn 26/5/94 (first part)

Location in physical archive: Series B, Files 14-20, Section 16 (English translation only)

NRAS reference: NRAS 4336/1/2/16

© Angus Macleod Archive